


Hall 195 h.1(1-22)

National Library of Scotland



\*B000274327\*

# DAN SPIORADAIL

A RINNEADH

## AIR CRIOSDAIDH ARAIDH.

AIR A CHUIR SIOS ANN AN TRI EARRANNAIBH.

- I.—An Criosdaidh, aig bruaich Iordan.
- II.—An Criosdaidh, thall air Iordan.
- III.—Beath a Chriosdaidh ud, air thalamh.

LE EOIN DOMHNULLACH,

*Ministear ann a Sgire na Toisidheachd.*

EDINBURGH:


PRINTED BY ANDERSON & BRYCE.

1838.

## ROI M H-R A D H.

CHUIREADH an Dàn so r'a cheile airson duine bha na Chriosdaidh urramach r'a linn ; a bha dileas do 'n Ughdar ; agus a tha nis aig 'fhois. Anns a CHEUD errann deth, tha iomradh air a dheanamh air, mar AN CRIOSDAIDH AIG BRUAICH IORDAIN ; anns am bheil e fein, mar gu b' ann, a labhairt, air do na nithibh a chuireadh sios ann, bhi gu tric air an aithris leis. Aig an àm an do chuireadh mach an earrann sin do 'n Dàn, bha e teann ri ceithir fichead bliadhn' is ceithir-deug a dh' aois ; agus air a mheas a bhi na "Dhuine ann an Criosd," rè thri fichead bliadhn' is deich dhiu sin. Cha b' ioghna, uime sin, ged dh' amhairceadh e air fein, mar dhuine 'bha nis aig "bruaich Iordan." Thugadh o'n uair sin dhachaidh e, mar sguab làn abuich airson gloir', aig aois cheithir fichead bliadhn' is sèdeug.—Anns an DARA earrann do 'n Dàn, tha iomradh air a dheanamh air mar AN CRIOSDAIDH THALL AIR IORDAIN ; anns am bheil e fein, ged 'eil e marbh, mar gu b' ann, fathast a' labhairt.—Tha 'n TREAS earrann a toirt meudeigin cunntais mu 'bheatha 's a ghiùlan, anns an t-saoghal, mar Chriosdaidh, gus an d' rainig e bruaich Iordan. Agus a nis, 's e durachd an Ughdair, ged nach 'eil e fein ann ni's mo, gu 'm biodh an Dàn air bheannachadh do iomadh, agus gu h-araidh do 'n chuid sin do chloinn Shioin, a tha nis dlùth air amhainn Iordan, agus aig am bheil togradh a bhì thall !

E. D.



## A CHEUD EARRANN.

*AN CRIOSDAIDH AIG BRUAICH IORDAIN.*

---

**AIR FONN.—“ ‘Se fulangas mo Shlanuighear.’**

Is dlùth air amhainn Iordan mi,  
’S tha ’n fheoil a’ gabhail sgàth ;  
Bu mhaith a nis an dòchus ud,  
Nach cuir gu bròn no nàir—  
An dochus fhuair na h-athraichean,  
Air carraig bhuan nan àl ;  
Tre’n d’ fhuair gu tearuint’ dhachaidh iad,  
A steach do thir Chanàin.

An dochus fòs, ’s an creidimh ud,  
Tre ’n d’ aidich iad ’san àm,  
’San t-saoghal so, gu’m b’ choigrich iad,  
Gun chaidreamh bhi ac’ ann :  
Tre ’n d’ iarradh dùthaich shaibhir leo,  
Is oighreachd nach bu ghann ; [orr’,  
’S tre ’n d’ fhuair iad sin ’chuir aoibhneas  
’Se boillsg’ dhi, ’bharr nam beann.

Tha ’n fheòil a’ crith, ’s cha’n ioghnadh e,  
Dol sios gu Iordan bàis ;  
Tha sgàil na h-oidhch’ ag iathadh orm,  
’S tha cianalas a’ fàs ;  
Oir se tha romham siorruidheachd,  
Nach tomhais grian no là ;  
An cuan ata neo-chriochanach,  
Gun iochdair ann no tràigh !

Is dlùth an sneim, 's is diomhair e,  
 A cheangal riamh r'a cheil',  
 Anam is corp gu miorbhuiileach ;  
 —Och 's dian an ceangal e !—  
 Ach sgaoilidh 'm bàs e uaireigin,  
 Is gheibh an uaigh 'cuid fein ;  
 Is siubhlaidh 'n sin an tuathanach  
 Bh' air chuairt 'na phailluinn créidh.

Thaobh fuigheall ciont' is truaillidheachd,  
 Tha fuaighte rium gach àm,  
 'Se 's mulad throm aig uairibh dhomh,  
 Nach 'eil mo ghluas'd ach mall ;  
 'Se eagal 's mo gu h-araidh leam,  
 —'S tha 'n diugh 'g am fhagail fann—  
 Na th' eadar so 's am bàsa dhomh,  
 No aon ni tha 'n taobh thall.

Ach tha mo shuil ri Slanuighear  
 Bha gràsmhor fad mo chuairt ;  
 Sa threoruich troimh an fhàsach mi,  
 Nach fag e mi san uair ;  
 Ach fos gu'n dean e teasairginn  
 Dhomh fein, 'san t-seasamh chruaidh,  
 'S gu'n sgoilt e dhomh na h-uisgeachan,  
 Gu ruig mi null, le buaidh.

'S ann annsan tha mo mhuinighinn,  
 A chuir an cath bha cruaidh,  
 Ri naimhdibh laidir suileachdach,  
 'Sa thug a mach a' bhuaidh ;  
 Thugadh buaidh air Satan leis,  
 Air peacadh, bàs, is uaigh ;  
 'S do thaobh an t-sluaigh a ghradhaich e,  
 Am bàs do shluig e suas.

Do cheartas thug e riarrachadh,  
Is dioladh mar bu choir ;  
'S an lagh ro-naomh cho-lionadh leis,  
Bha orms' gu dian an toir ;  
Is choisneadh saorsa shiorruidh leis,  
Air buaidhibh Dhia 'chuir gloir,  
'N tra ghlaodh e, " Tha e criochnaichte"—  
'Se sud mo dhion, 's mo threoir.

Na rinn 's na dh' fhuiling Slanuighear,  
Mar sud an' áit a shluagh,  
'Se 'mhain is bunait thearnaidh dhomh,  
'S cha 'n e gach gràs a fhuair—  
'S sud is dion 'is tearmunn domh,  
Dol 'n coinneamh bàis is uaigh,  
'Se sud bheir dhachaидh sabhailt mi,  
Do 'n àit' am faic mi 'n t-Uan.

Ach O ! 'm faigh neach cho ghràineil rium,  
'S do nadur cho mhi-naomh,  
A chaoidh a steach 'na lathair-san,  
Tha àillidh glan gun ghaoid !  
Ach glanaidh fuil an t-Slanuighear,  
Mo ghràinealachd gu saor ;  
Is gheibh mi 'n sin do 'n àros ud,  
'Sa 'm bheil muir-làn a Ghaoil.

Theann dhlùthraig laigsean naduir orm,  
Is shearg mar sgàil mo shnuadh,  
Mo neart tha tur 'g am fhailneachadh,  
'S gach comas tha dol uam ;  
Tha 'n deilbhidh fight' gu snàitheann di,  
'S tha 'n spàl a ruith gu luath ;  
'S an corps diblidh bàsmhor so,  
Dol sios gach là do 'n uaigh.

Ach cridhe cruaidh is dò-bheirteach,  
 Is inntinn fheòlmhor thruagh,  
 'S eas-creidimh fuitteach foirneartach,  
 'S iad sud mo bhròn 'san uair !  
 'N t-eas-creidimh 's olc gu h-araidh e,  
 Tha 'toirt mo shàr gu cruaidh ;  
 Air m' anam 'tarruing fàsachaidh,  
 'S air Fear-mo-ghràidh 'cur gruaim.  
 'Se sud an t-olc rinn crionach dhiom,  
 A'm fionain nan saor-ghràs ;  
 Och 'se a dh' fhag mi-sgiamhach mi  
 A'm fianuis Fir-mo-ghràidh !  
 Mo thurus rinn e cianail dhomh,  
 'S mo thriall ro inhall gach là ;  
 'Se m' eagal 'n deireadh bhliadhnaich e,  
 Gur crionadh dhomh, 's nach fàs.  
 Is e mo bheachd, is theirinn e,  
 A thaobl a chreidimli bheò,  
 Gu'm bheil—'s gach ait 'n do ghineadh e—  
 'N t-eas-creidimh air an tòir :  
 Is iadsan riamh nach d' fhairich e,  
 'Na eire thruim, 's na bhròn,  
 Nach 'eil—ge bith a theirear leo—  
 'Na 'n creidimh-san ach scleò.  
 Is diomhaireachd o 'n Ard-Righ e,  
 'Thaobh clann nan gràs gu léir,  
 Am peacadh bhi air fhagail annt',  
 'S gun d' thug e gràdh dhoibh fein ;  
 'S gur eagal, iomadh là dhoibh e,  
 —Ged 's nàir leo'chuir an ceil—  
 An ait e annt' bhi bàsachadh,  
 'Na 'm beachds', bhi fàs ni 's treun'

Ach 's comhàra do-àicheadh e,  
Air gràs bhi faghail buaidh,  
'N tra bhitheas corp a bhàis mar sud,  
Dhoibh fein 'na chràdh 'san uair ;  
Is feudaidh sud bhi foillseachadh  
Dhoibh saibhreas gràis do-luaidh ;  
'S bhi 'g abuchadh nan oighreachan.  
Ni 's mo chum aoibhneis bhuan.

Ach 's mòr mo thruas ri aireamh dhiubh,  
'San làths', tha 'g aidmheil Chriosd ;  
Nach d'fhuair an aithne thàbhlachdach,  
Air beath' no bàs gu fior ;  
Ciont' cha 'n eil na chràdh dhoibh sud,  
No corp a bhàis 'na phian :  
Is tòir cha 'n 'eil aig Satan orr',  
Cha d'fhàg iad e a riamh.

Och 's mealladh mor, 's is cràiteach e,  
Th' air àireamh measg an t-sluaign,  
Le aideachadh gun ghràsaibh ac',  
Dol 'n coinneamh bàis na 'n suain ;  
Gun eagal orr' roimh shiorruidheachd  
A dh'iathas ump' gu luath !—  
Bidh gul is giosgan fhiacal ac',  
A chaoidh mar dhioladh duais !

Ach bheirinn comhairl' àmail orr'  
Mu'n d'theid mo cheann 'san uir,  
Gu'm pilleadh is gu'n tionnd'eadh iad,  
Gu teann gu Righ nan dùl ;  
Is ghuidhinn air a phàirt ud dhiubh  
Bha fad mo là dhomh dlùth,  
Gu'n dunadh iad ri Slanuighear,  
Gun dàil a chuir sa chùis.

Oir theirinn, 's thogainn fianuis air,

Thaobh Iosa, Fear mo ghràidh,  
Gur Ceannard caomh is fialaidh e,

'S gu'n d' fhuair mi riamh e tlàth :  
Gu bheil e truacant' trocaireach,

Is pailt gu leòr 'na ghràs :  
'Sa mheud 'sa chuireas dochus ann,

Gu'm bi iad beo gu bràth.

Is bheirinn comharl' shonraichte,

Do ghineil òg ar la,

Am fads' tha 'n cothrom oirdheirc ac',

Is aigne bheò is bhla ;

Am fads' tha toil so-lubaiddh ac',

Is ùin gu iarraidh gràis ;

Is easgaidheachd nan gluna ac',

Gu lubadh sios gach là ;

Air Criosc gu'n cuireadh eolas leo,

'S air sòlasaibh a shaors' ;

'N sin bhiodh e 'na Fhear-pòsda dhoibh,

Is dh'òladh iad deth' ghaol :

Oir àm na h.òig' gu iarraidh-san,

'S gu mealtuinn Chriosc gu saor ;

Is mis nach tugadh mios dheth sud,

Air bliadh'n' an diugh do m' aois.

Ach cor na h-aois, 's ro chràiteach e,

A chaith an là gun fheum !—

Nach teicheadh iad gu Slanuighear,

Aig trà dol fodha gréin' !

Oir 's ni ro chianail eagalach,

Gun teagamh, e ann fein ;

'S e aois, is bàs, is aineolas,

Bhi 'coinneachadh a cheil' !

Tha coman chuir an Tighearn orm,  
Is dh'iarrainn chuir an céill,  
Gu'n d'fholaich e gu miorbhuiileach,  
Mo lochda diomhair fein ;  
Gu'n d'cheaduich e, 'na fhabhar dhomh,  
Air 'ghràs bhi deanamh sgeul ;  
Mo lochda 'chuir 'na lathair-san,  
'S do chach bhi 'g aidmheil fein.

Thaobh 'fhreasdal anns an t-saoghal dhomh  
Bu chaomh e, 's cha bu shearbh ;  
Oir fhuair mi biadh is eudach ann,  
Mur d' fhuair mi maoin is ainm ;  
An t-aran laitheil dh'orduich e,  
'Na throcair dhomh gu dearbh ;  
Ach chum e suas air dochus mi,  
S' cha b' ann air stòras seilbh.

Chunncas cuid do dhaoinibh leam,  
Bha saoithreachadh gu teann,  
'S a' tasgaidh suas, mar dh'fheudadh iad,  
Mor mhaoin dhoibh fein 's d' an cloinn :  
Ach chunnaic mi 'n stòras shaoghalt' ud,  
Dol leis a ghaoith mar mholl :  
Is mhol mi 'm freasdal caomh ud dhomh,  
Nach d'thug dhomh maoin r'a chall.

Tha sluagh mo ghaoil 's mo bhraithreachais,  
—Na braithrean caomh is treun—  
A shiubhail troimh an fhàsach leam,  
Air m' fhagail nis' gu leir.  
Is dh'fhag sud aon'rach cianail mi,  
Mar eun air sliabh leis fein,  
'S o dh'fhalbh an comunn tiarail-san,  
Tha m'aigne triall na'n deigh.

Tha m'aigne triall—’s e mhiannuichinn,  
   Bhi ma’ ri Criosd na Ghloir ;  
   ’S tha togradh, mar air sgiathraighe ann,  
     Ag iarraidh bhi ’na chòir ;  
   Ach cudthrom ciont tha ’g iathadh orm,  
     Mar cheap ri sgiath an eoin,  
   Teann leagaidh sud gu h-iosal mi  
     Ri talamh sios gun treòir.

Ach feitheams’ am an Tighearna,  
   —An t-am, gu fior, as fearr ;  
   ’S d’ a thoil ro-naomhsan striochdar leam,  
     Thaobh riaghluidh beath’ is bàis ;  
   ’S tra thig an t-am a dh’ ordreich e,  
     An’ ruintibh ghloir ’sa ghràis,  
   Feuch sud a null thar Iordan mi—  
     ’Sa Ghloir dha fein gu bràth.

Sud thairis air gach buaireadh mi,  
   Gach cunnart cuain is gaoith,  
   Gach laigs’, is ciont, is truaillidheachd,  
     Gach pian, is gruaim, is caoidh ;  
   Is sud a steach do’n lùchaint mi,  
     ’Sa ’m faic mi gnùis an Righ ;  
   ’S na chomunn iomlan ùrail-san,  
     Gu seinn mi ’chliù a chaoidh !

# AN DARA EARRANN.

*AN CRIOSDAIDH THALL AIR IORDAN.*

---

*Air fonn.—“ ’Se fulangas mo Shlanuighear.”*

AN Criosdaidh ud bha uaireigin,  
Aig bruaich nan uisge dluth ;  
'S d'am b' ghearan na bha thruaillidheachd,  
Ro fhuaight' ris fad a chùrs' ;  
Nis fhuaireadh steach do'n t-suaimhneas leis,  
Bha fad a chuairt 'na shùil ;  
'S tha 'spiorad-san a cuairteachadh  
Na caithreach shuas, le cliù.

Ach O, cha tig e dh' aithris dhuinn,  
Na dh' fhairich e san uair,  
'N tra bha a spiorad dealachadh,  
Ri talamh, is dol suas :  
No meud is glòir an t-sonais ud,  
Th' aig anam nis gu buan !  
'S ged thigeadh—se mo bharailse,  
Nach gabhadh 'n t-aithris luaidh.

Ach creideamaid, d'a rireadh e,  
Air teisteas fiorghlan Dé,  
G'an labhradh reir na firinn e  
Ged thigeadh rìs e fein.  
Is ged nach tig o'n tìr ud e,  
Sa'm bheil a shiochainnt ré,  
Ar leam, gidheadh, gu cluinn mi e  
Mar so 'toirt brigh na sgeil—

“ Nis fhuaireadh null air Iordan leam ;  
 ’S a ghìòir do Righ nan dùl !

Oir thug e aiseag ghlòirmhor dhomh,  
 ’Chuir Iordan air mo chùl.

Seadh, sgoilt e dhomh na h-uisgeachan,  
 Bha tric fa chomh’r mo shuil ;  
 ’S aig uairibh bha na’n clisgeadh dhomh,  
 Ri am dhomh ruith mo chùrs’.

“ Ach cia mar fhuaireadh dhachaидh leam,  
 Thar astar dhorch nam beann ;  
 No cia mar sheas mo chosan rium,  
 Gun tuisleachadh sa ghleann ?

Cha ’n urrainn domh sud aithris duibh,  
 Cha ghabh e ’cur an’ cainnt :  
 Ach Iosa riamh bha tairis rium,  
 G’am b’ Charaid e san àm,

“ Bu ghann chaith as an t-sealladh uam,  
 An talamh, is na bh’ann,  
 ’N tra thainig ’s thug e coinneamh dhomh,  
 Gu h-ullamh anns an àm.

’S roimh aghaidh fhaoilteach bhuadhach-sań  
 Gach uamhan theich gu teann ;  
 Gach neul is ceò, a chuairtich mi,  
 ’S gach gruaim a bha ’sa ghleann.

“ Fhuair m’ anám beachdan soillear dheth  
 Air thalamh, re mo chùrs’ ;  
 Seadh, beachdan bha na’m beannachd  
 ’S rinn anail dhomh ro chubhr’ ; [dhomh  
 Ach O, thaobh glòir an t-seallaidh ud !

—Bu shealladh e bha ùr—

A ghrian, bu ni gun solus i,  
 An’ coimeas ri a ghnùis !

“ Is sona ’n sluagh gu sònraicht’ iad,  
   ’Fhuair eolas air na’n là :  
 Fhuair aithne ghlan is shòlasach,  
   Air Glòir a Phears’ ’sa ghràis !  
 ’Se sud a dheanadh ullamh iad,  
   Gu coinneamh ’thabhairt dha :  
 Is dh’easbhuidh sud ’s neo-chomasach  
   Do anam dol na dhàil !

“ An’ dol o ùin gu bith-bhuantachd ;  
   ’Sé ’n iteal a bha teann !  
 Gu deimhinn fein cha b’fhiorsach mi,  
   Air tiota a bhi ann :  
 Cha b’ luaith a dh’fhalbh an anail ud,  
   Bha goirid agus fann ;  
 No sud an laimh mo CHEANNAIRD mi,  
   Is sud an t-anam thall !

“ Bha amhainn Iordain eagallach,  
   Gun-teagamh, dhomh san uair ;  
 Och, b’ aobhar gheilt an sealladh ud  
   A ghabh mi dhi o ’bruach !  
 Ach theich an sruth gu cabhagach,  
   Roimh Shagart treun nam buadh :  
 Is pianta ’bhàis, ’chuir eagal orm,  
   Sud thairis iad gu luath !

“ Ach ’s amhainn i bhios uabhasach,  
   Do’n anam thruagh gun Dia ;  
 ’N tra bheanas e ri ’bruachaibh-san,  
   Och, sud gu luath e sios !  
 ’Sa’s ni e bhitheas cràiteach dha  
   Nach d’ chreid, na là, e riamh,  
 Gur uisge domhainn bàthaidh sud,  
   Do ’n neach gheibh bàs gun Chriosd !

“ Och, ’s truagh iad ’theid gun ullachadh,  
 An coinneamh bàis is uaigh’;

Gun chòir an’ Criosd, gun chumadh ris,  
 Gun fhaireachadh air truaigh’!

A theid an’ coinneamh siorruidheachd  
 Gun dion, tre fhuil an Uain ;  
 A dh’ fhuilang reir an gniomhara,  
 Fo shiantaibh feirge bhuan !

“ Ach fhuaireadh null air Iordan leam !  
 Is dh’fhagadh ’n fheòil air chùl ;

Gu minic, bha na dòruinn dhomh,

’S a chomhdaich mi le mùir ;  
 Thug iomadh latha tuireadh dhomh,

Is silidh air mo shuil ;

A’ milleadh riamh mo sheallaidh orm,  
 Is comuin Fir mo rùin !

“ Cha bheag an t-sith ’s a bheannachd  
 Bhi dealuicht ris an fheoil : [dhomh,  
 Oir dh’ fhalbh, ’na cois, gach an-shocair,  
 Air m’ anam riamh bha ’n tòir.

’N tra dhealuich rium mo thruaillidheachd

’N sin theich gach truaigh is bròn ;  
 Gach olc, is laigs’, a chuairtich mi ;  
 ’S am Buaireadair fa’dheòidh.

“ Is fhuaireadh steach gu tearuint leam,  
 Do thir Chanaain shuais :

An tir a’m bheil na bràithrean ud,  
 San fhàsach bha air chuairt ;

An tir a’m bheil mo Shlanuighear,  
 A thug dhomh gràdh ro-bhuan.

’S an sealladh dheth, ’s an sàsachadh,  
 Th’ aig m’ anam, tha do-luaidh.

“ Ach cia mar nithear aithris leam,  
Air beannachdan na tìr ?  
Oir ’s tìr a tha ’cuir thairis i,  
Le bainn’ is mil gu fior.  
Tha sùil ro-chaomh an Tighearn oirr’,  
O thus na bliadhna, gu crìch :  
'San sluagh a th'innt, sar-lionar iad,  
Le maitheas sior, gun dìth.

“ Cha ’n abair am fear-àiteachaidh,  
Gu bràth g'am bheil e tinn ;  
'S cha ghearan e air fàsalachd,  
No gainne sàth bhi innt :  
Is mar bu mho a shàruchadh,  
Fo chorp a bhàis, r'a linn ;  
Is mo, gu mor, a ghairdeachas,  
'S is àirde nis a sheinn.

“ O, seinnear nis gu h-àrda leis ;  
'S le cloinn nan gràs gu leir ;  
Do'n Tì, o chian, a ghradhaich iad,  
'S a thug dhoibh slainte ré !  
Cha bhi iad tuilleadh 'm Bàbilon,  
No 'n Clarsaichean gun ghleus :  
Ach seinnidh iad le gairdeachas,  
'S cha 'n fhailnuich guth no teud.

“ Ach O, nach b'fhiös do'n aireamh ud,  
Tha 'g àiteach' gleann nan deur,  
An sonas buan, 's an sàsuchadh  
Tha romp' an làthair Dhé !  
Dheanadh e'n aigne fhuasgladh dhoibh,  
O shaoghal truagh an cèin' ;  
'S bheireadh e gloine gluasachd dhoibh,  
Is tuilleadh luath's do'n ceum.

“ ’N sin b’fharris peacadh fhuathachadh ;  
 ’S do’n Uan bhi tabhairt gràidh ;  
 Is seasamh ’n aghaidh Bhuaireadair ;  
 ’S bhi cruadalach sa bhlár.

Seadh, chuireadh e’n cuid eagalan,  
 ’S eas-creidimh, tur gu nair.  
 Is chumadh, chaoidh, nan sealladh iad,  
 Gun teagamh, tir Chanaain.

“ Ach dheanadh sud iad comasach,  
 ’Bhi togail fianuis threun,  
 An’ aghaidh lochdan follaiseach ;  
 ’S bhi ’labhairt á leth Dhé.

Seadh, dheanadh sud iad coguisseach,  
 ’Sgach gnothach tha fo ghréin :  
 Is cheangladh sud, gu maireannach,  
 Gach anam dhiubh r’ a chéil.

“ Tha iomadh ni ma’n deałuich iad,  
 Na’m barail, eatorra fein :  
 Oir fathast, ’s clann air thalamh iad,  
 Air ghainne tuigs’ is ceil.  
 Gidheadh tra bhios na ’n daoinibh iad,  
 Bidh caochladh orr’ gu leir :  
 Is chi—g’am b’ nithe faoin iad sud,  
 A sgaoil iad riamh o ’cheil’.

Ach shiubhladh an’ dluth-chomun iad,  
 Mar choigrich is luchd cuairt ;  
 A’ tarruing ás na tobraichean,  
 A dh’ ullaich dhoibh an t-Uan :  
 Ag ith’ an sàth, gu togarrach,  
 Do’n aran bheo is bhuan :  
 ’S cha mhearachd, ged a theorinn e,  
 Bhiodh ’n aigne romp’ dol suas.—

“ Is ged bhiodh sgios, is ocras orr’,  
Is tart, an’ tir an céin’ ;  
’N tra gheibh iad steach, cha ’n acain iad,  
Na bh’ aca riāmh do phéin.  
Cha chuimhnich iad aon uireasbhuidh,  
A dh’ fhairich iad, fo ghréin.  
Oir tha gu leòr a’ feitheamh orr’,  
An’ tigh an athar fein.

“ Ach fhuair mi nis na dh’ iarradh leam ;  
Is m’ uile mhiann gu brath !  
Le naomhachd rinneadh sgiamhach mi,  
An’ coslas Chriosd gu slàn :  
Le soills’ na gloir’, sar-lionadh mi,  
’S mi dluth do Dhia, gun sgàil.  
Is caithear leam an t-siorruidheachd,  
A’ snàmh gu sior, ’na ghràdh !

“ Is fior e, nach eil uireasbhuidh,  
Air fhaireachadh leam shuas ;  
Ach fathast se mo spiorad ’th’ann ;  
Tha earrann dhiom ’san uaigh.  
Ach tha mo shùil, le gairdeachas,  
Ri teachd an là, ’s na h-uair,  
’S am bi an corp ’compairteachadh,  
Do lànachd glòir’ an Uain !

Ach co an cridh’ a bhreithnich e,  
No ’n t-sùil a chunnaic riāmh,  
Mor mheud is gné an ullachaidh,  
D’a phobull fein, rinn Dia !  
Ach ’sona dhoibh, ’s is beannaicht’ iad  
Fhuair aithne ghlan air Criod :  
Oir mealaidh iad, ’na chomun-san,  
An sonas ud, gu sior !

# AN TREAS EARRANN.

*BEATH A CHRIOSDAIDH, AIR THALAMH.*

---

*Air an Fhonn cheudna.*

A leughadair—nis dh'aithris mi,  
Mu'n anam ud chaidh uainn ;  
Aig Iordan, mar a dh'fhairich e,  
Ri aghaidh srutha luath :  
'S mar tha e nis a labhairt riut,  
Seadh, labhairt riut o shuas ;  
O, t-anam gu'm faigh beannachd dheth !  
'S thoir aire dha is cluas.

Ach ceaduich dhomh—mu 'n dealaich sinn,  
Gun aithrisinn uam fein,  
Mu bheath 'sa ghiulan aithnicht san,  
Fad turus bhuan a chein'.  
Is dhomhs' bu chomain sònraicht sud,  
—'S bu deoin leam 'chuir an ceil—  
B'e m'athair thaobh na feòla e ;  
'S mo chomhnadh, 'n tus mo rè.

Bha 'n Tighearn dha ro throcaireach,  
An' lathaibh òig, gu fior ;  
'Rinn ath-bhreith għlan, is ghloirmhor air ;  
'S thug eolas dha air Criosd ;  
A dhoirt a spiorad naomh-san air,  
Roimh aois nam fishead bliadhna' ;  
'Chuir seul is sult na naomhachd air,  
Nach d' fheud e chall a riamh.

Bha buadhan aithnicht naduir aig ;  
Is pàirtean beothail, treun ;  
Ach beothail treun mar bha iad sud,  
'Se gràs a rinn dhiubh feum :  
'Se sud thug gleus, is cumadh dhoibh,  
Is togail għlan ri neamh :  
'S a chuir gu leir air obair iad,  
Mar uisg air muilionn gleust'.

Ni iomadh uaill a talannaibh,  
Is gibhtean laidir cinn :  
Ach ciod, mo thruaigh', an tabhachd-san,  
Gun anail bħlath bhi annt !  
Ceart ionnann 's mar na cnàmhan ud,  
Tha sgaoilteach, fàs 'sa ghleann :  
An cnaimh a's mo, cha'n fhearr e dhiubh,  
Na 'm fear a's tair' a th'ann.

Ach thigeadh 'n anail chaoineil orr',  
O cheithir gaothaibh neimh' ;  
Is sud na cnàmhan sgaoilteach ud,  
Gach aon diubh teachd gu cheil.  
'N sin eirigh suas mar armait iad,  
'S mar an'maibh beò—gu leir.  
Mar sud bidh gibhtean iomraiteach,  
Fo obair ionmholt' Dhe.

Ach thug an Tighearn ungadh dha ;  
—Seadh, ungadh glan nan gras—  
Gun idir a bhi cunntadh ris,  
No 'g iunndran na thiug dha.  
Bha 'n ola chaomh ud drùthadh air,  
Mar dhriùchd, o là gu là ;  
'S gu minic, tomhas dubailt dhi,  
'N tra bhiodh na gluinean sàs.

'S bu tric a bha na gluinean ud,  
 A' lubadh gach aon la ;  
 Is anam faghail ùrachaiddh,  
 Gach ùin aig caithir gràis.

Oir thugadh spiorad urnuigh dha,  
 'Chum dluth e rith', gu brath,  
 'S is cuimhne leam g' an lubadh e,  
 A għluin air sliabh is blàr.

Ach 'se an t-ungadh cubħraiddh ud,  
 Bha drùthadh air gach àm,  
 Thug anmhunnachd is brùiteachd dha,  
 'S rinn ùrail e 'na chainnt.

Rinn sud e cneasd 's gach dleasdanas ;  
 —'S bu deas e dol nan ceann—  
 'S an' aobhar Chriosd, bu sheasmhach e,  
 Gun dol a leth-taobh ann.

Gu h-àraiddh, 'n dreuchd a Cheasnuchaidh,  
 San d' sheas e, iomadh bliadhñ' ;  
 Bu dileas e san dleasd'nas ud,  
 Gun lasachadh no sgios ;  
 Cha bhitheadh chaoideh e fadalach,  
 No rag, an' ceann a ghniomh,  
 'S cha b' fharris duit g' an coidleadh tu,  
 Fo 'theagascg san a riamh.

O, b' easgaidh anns an dleasd'nas e,  
 'N tra sheasadl e measg sluaigh ;  
 A' tabhairt tuigs' is teagaisg dhoibh,  
 O'n cheist a rachadh luaidh.

Gun idir bhi g'an sàruchadh,  
 Le ceisdibh àrd is cruaidh ;  
 Ach tabhairt teagaisg slainteil dhoibh,  
 'S am bitheadh stà, is buaidh.

Ach thugadh gibht gu sonraicht dha ;  
—'S chia choir a cleith' 'nar sgeul—  
Gach smuain bhi soillear ordail aig,  
'S g' am b'eol da 'n cuir an ceil.  
Bu chuimir, taght, na bhriathraighe e,  
'S na thigeadh riamh o 'bheul ;  
Ach O, bu luchdmhor, ciallach e,  
'S na briathraighe ud gu leir.

Be'n criosdaidh suilbhair, faoilteach e :  
—Biodh saorsa stigh, no cruas—  
'Tra bhithheadh 'm fianuis dhaoine e,  
Cha 'n fhait' air eudann gruaim  
Oir mheas e chaoidh mar fhiachaibh air,  
Bhi moladh Chriosd do 'n t-sluagh ;  
'S bhi 'nochdadadh mach na diadhaidheachd  
'Na maise, riamh, 's na snuadh.

Bu tric, do chuid, a dh' innis e,  
G'an d' shir e sud o shuas,  
Bhi 'cumail eudainn shubhach air,  
O's ceann a chridhe chruaidh.  
'S tha iomadh bheireadh fianuis air,  
Mar dh' iarr e sud, g'an d' fhuair,  
'S gun cheist, rinn sud, 'san fhionain e,  
Na b' fheumail, riamh do 'n t-sluagh.

Bu bheag air riamh an lùbaireachd ;  
'S an eudann mhùgach bhalbh ;  
'S na h-osnaidh chneadach chiuchranach,  
Gun sugh annt ach an dealbh.  
Ach dh'aithn'cheadh 'n anail chubhraidh  
Seach dubailteachd is cealg : [leis,  
Is far am faiceadh bhrùiteachd leis,  
Bu dluth e dhoibh, gu dearbh.

Bu shoilleir geur a bhreithneachadh,  
 Air obair għlan nan gràs :  
 Is b'aithne dha an dealachadh,  
 Tha eadar beathe is bàs.

Ach b'e a mhiann bhi carthannach,  
 An' tabhaint breith air càch,  
 'S bhi fagail dhas', d'am buineadh e,  
 Bhi 'deanamh 'sgaraidh slàn.

Cha' b' toigh leis riamh 'bhi fasganadh,  
 Le gaoith bhiodh bras is dian ;  
 'S le srannaibh ard, 'sa h-osagan,  
 A' chasadhl 'n cruithneachd sios.

Bu mho, gu mor, bu shabhait leis,  
 Bhi fagail muill 'san t-siol ;  
 Na'n siol—g'an rachadh gràinnean dheth,  
 Le moll, gu bràth a sios.

Ach, thaobh na beatha spioradail—  
 Tre chreidinīh bha e gluas'd ;  
 'S cha b'ann air beathe na faireachduinn,  
 No'n t-seallaidh, bha e suas.  
 'Se CRIOSD, san teisteas fhirinneach,  
 'Tha 'm Piobull dhuinn a' luaidh,  
 Bu bhunait creidimh rireadh dha,  
 'S cha b'e gach ni a fhuair.

Bu toigh leis riamh, mar theireadh e,  
 'Na fhaireachduinn bhi beò :  
 Ach e bhi beò air faireachduinn,  
 Bu bhochd leis sud, mar lòn.  
 Ach 'tra bha 'n creidimh seilbheachadh,  
 Bhiodh doirbheas aig an fheòil ;  
 Bhitheadh 'n fhaireachduinn a' soirbheach-  
 Is cuirm aic air a bhòrd. [adh,

Ach fhuair e 'n creidimh aithnicht' ud,  
 A dh'oibrich Spiorad Dhé :  
 'S ri Criod gu dluth, a ghreimicheadh,  
 Air barrant fhocail fein :  
 A rachadh mach le 'fhalamhachd  
 A dh' aindeoin air gach éis,  
 'S nach pilleadh idir dhachaидh e,  
 Gun naigheachd mhaith 'na bheul.

An creidimh beò, is luachimhor ud,  
 A fhuair na naoimh a riamh :  
 A sheas ri aghaidh cruachasan,  
 'Sa bhuanach gus a chrioch.  
 Nach gabhadh guth no taisbeanadh,  
 An' ait na teisteas fhior :  
 Ach ghabhadh fois san teisteas ud,  
 'Sa gheibheadh faisg air Dia.

'Se 'n creidimh ud a fhuaireadh leis,  
 Bha buadhach anns', tre Chriosd,  
 Ri aghaidh ciont', is truaillidheachd,  
 Is buairidhean o shios :  
 A sheas gu treun, 's gu maireannach.  
 Ri cathan geur is dian :  
 Is ris gach gaoth is doinnean dhuibh,  
 A sheid air anam riamh.

Cha b' choigreach do 'n eas-creidimh e,  
 Mar dh' aidicheadh e fein :  
 Gidheadh cha tug é caidreamh dha,  
 'S cha chreideadh e a sgeul.  
 Ach chuireadhl teist a gheallaigh leis,  
 Fa choinneamh 'n fhàidhe bhreig.  
 'S tra chuireadh, sud na ghealtair e,  
 Gun chomas fosgladh beil.

Ach riamh tre chreidimh ghluaiseadh leis,  
 Gu seasmhach, suaimhneach, dian :  
 Gu faicilleach, neo-bhruailleanach  
 'S gach smuain, is guth, is gniomh.  
 Gu h-uaigneach, is gu follaiseach,  
 Bha chomun-san ri Dia ;  
 B'e gradh is tlachd a phobuill e,  
 'S b' iad sluagh a chomuin riamh.

Ged thugadh laithean lionmhor dha  
 —Coig-fichead bliadh'n, ach coig—  
 Ri fad nan là 's nam bliadhna ud,  
 Cha d'fhailnich riamh a threòir.  
 Is mar bha àm an dealachaидh,  
 A tarruing faisg na chòir,  
 Bha 'n t-anam, teann, ag abùchadh,  
 'S fo fhadachd, gu bhi 'n glòir.

'Se 'n Tighearn chuir an comain air,  
 O choinnich ris e 'n tùs ;  
 A chum a riamh gach comas ris,  
 'S gu fallan ghleidh a chliù ;  
 A chum gu slan a sholus ris,  
 Mar choinneal dhealrach ùr :  
 'S aig àm toirt suas na h-anail leis  
 Bu choinneal sud gun smùd.

#### A CHRIOCH.



